

## Fiosrachadh Pearsanta / Contact Information

Buidhean Organisation	Stòrlann
Baile-mòr/Baile City/Town	Stornoway
Dùthach Country	United Kingdom

## Ceistean | Questions

**1. Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, priomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn? The structure for the Plan consists of an aim, priority areas and commitments. Do you have any comments on how we have structured the Plan and the overall aim we have selected?**

- Tha am modh-cànan san Dreachd den Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig math agus furasta a thug sinn. Ach tha e doirbh gluasad tro sgriobhainn a' cho-chomhairleachaidh leis gu bheil tòrr ath-aithris innti thairis air na diofar roinnean san sgriobhainn.
- Tha e feumail gu bheil gealltanasan manifesto an Riaghaltais ann mar fhianais air taic phoilitigeach, leantainneach. Bidh feum air dealbhachadh faiceallach agus air àrdachadh mòr san àireimh de luchd-obrach sgileil Gàidhlig ron-sgoil gus dèanamh cinnteach gun tig buannachd às 'a' chothrom ro-mhòr' a tha àrdachadh sna h-uairean de chùram-chloinne a' tabhann. Tha cunnart ann cuideachd, mura tèid goireasan a chur ris na h-àiteachan Gàidhlig a bharrachd, gun tèid barrachd cùraim-chloinne tro mheadhan na Beurla a chleachdad. Feumar gnothaichean a chur an gnìomh sa bhad gus dèanamh cinnteach gun tèid buil a tha deimhinneach fhaighinn.
- B' fheàrrde an sgriobhainn barrachd mìneachaидh air amasan, air gnìomhan a thèid a chur an sàs, air sgèile/meud na h-obrach a tha san amharc agus mar a thèid adhartas a thomhas. Mar a tha an sgriobhainn an-dràsta, chan eil na h-amasan agus na builean a tha co-cheangailte ri na priomhachasan agus na gealltanasan soilleir.
- Bhiodh e cuideachail liosta a chur ann de na buidhnean gu lèir\* a tha air am meas nam priomh chompàirtichean, agus an t-àite aca a shoilleireachadh don phoball. (\*ach an fheadhainn aig a bheil Planaichean Nàiseanta aontaichte a tha a' nochdadh an àite eile san sgriobhainn).

**2. Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh iomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo? We believe that the promotion of a positive image for Gaelic is essential and we think that the areas above are the key areas that can make a contribution to this. Do you have any comments on the areas we have selected or alternative suggestions?**

- Tha Tha Stòrlann a' cur a làn-thaic ris a' bheachd gu bheil iomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig deatamach. Bu chòir an t-amas seo a bhith air a leudachadh gus brosnachadh agus taic a thoirt do neach gus Gàidhlig a thogail agus a chleachdad. Dh'fheumadh dòighean ro-ghniomhach a bhith air an cur an sàs sna coimhlearsnachdan gus seo a choileanadh.
- Bu chòir aire shònraichte a thoirt gu bhith a' brosnachadh dheugairean agus dhaoine ann am foghlam adhartach gus a dhol an sàs san obair seo.
- Tha feum aig buidhnean taic foghlaim air maoineachadh a bharrachd airson frithéaladh air an leudachadh ann am FMG agus an dùblachadh sna h-uairean de chùram-chloinne.
- Bu chòir taic shònraichte a bhith ann gus cur an aghaidh mì-fhiosrachadh agus beachdan a bhios buidhnean a tha an aghaidh na Gàidhlig a' sgaoileadh.

**3. Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na priomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na priomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig? We believe education and Gaelic learning are central to this Plan. We have also listed the priority areas that we believe should be a focus for ongoing activity. Do you have any comments on this emphasis and on the priority areas selected for learning Gaelic?**

- Tha na priomh raointean mar a tha iad san earrainn ionnsachadh na Gàidhlig a' còmhdaich a' mhòr-chuid de na priomh raointean a tha cudromach. 'S e adhbhar iomagain a th' ann nach eil Pàrantan agus an Dachaigh am measg nan Raointean Priomhachais airson ionnsachadh na Gàidhlig ann an 'earrann 7' den sgriobhainn. Tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig san àm ri teachd an crochadh air pàrantan agus luchd-cùraim a bhith an sàs ann an tràth-ionnsachadh, agus a bhith a' taghadh an clann a chlàradh aig an t-seirbheis, agus a bhith a' cur taic ri ionnsachadh tro bhith a' togail barrachd Gàidhlig taobh a-staigh an teaghlach agus na dachaigh.
- Bu chòir Bòrd na Gàidhlig ro-innleachd shoilleir, cho-aonaichte a dhealbhachadh agus a chur air adhart airson neart a tharraing agus taic a thoirt don luchd-ùidhe gu lèir a tha an sàs ann an ionnsachadh na Gàidhlig.

- Feumaidh àrdachadh tighinn anns a' mhaoineachadh airson goireasan a dhèanamh do ionnsachadh na Gàidhlig a tha a rèir an fhàis a tha san roinn.
- Tha Foghlam Luchd-ionnsachaidh na phriomh raon a thaobh fàs san àm ri teachd. Le sin, bu chòir gum biodh e na phriomh amas am prògram foghlam luchd-ionnsachaidh a leudachadh agus barrachd luchd-teagaisg a thrèanadh ann.
- Tha feum aig roinn ionnsachaidh nan inbheach air ro-innleachd nàiseanta, shoilleir le slighean ionnsachaidh comharrachte, ceumannan adhartais, agus taic bho na coimhairsnachdan ionadail.
- Tha barrachd taic agus ghoireasan a dhith gus a bhith a' fastadh thidsearan, luchd-trèanaidh agus luchd-obrach aig an ire ron-sgoil, san sgoil agus do dh'inhich a tha nan luchd-ionnsachaidh. Feumar am plana atharrachadh gus nochdadach cho deatamach agus cho cudromach 's a tha ro-innleachd a chuireas taic ris an raon seo den obair.

**4. Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointe an a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdad na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'faodamaid piseach a thoirt air ire cleachdaidh na Gàidhlig? We believe the areas selected are important for promoting the increased use of Gaelic. Do you have any comments or suggestions you would like to make in relation to promoting the increased use of Gaelic?**

- Tha e na adhbhar iomagain mòr nach eil sgoiltean Gàidhlig nan raon priomhachais cleachdaidh. Tha coimhairsnachdan sgoile nam fior dheagh àite às an gabh an cànan a chur air adhart.
- Tha neartachadh a dhìth air mar a tha raointe an agus roinnean a gheibh am brosnachadh seo air an comharrachadh, agus tha mìneachadh nas mionaidiche air na h-amasan a dhìth.
- Tha na h-àireamhan bhon t-seirbheis taic Dachaigh/Sgoile aig Gaelic4Parents a' sealltann fàs san àireimh de luchd-leantainn a tha a' dol an sàs leis. Le sin, tha sinn a' moladh gun tèid coimhairsnachdan Dachaigh/Sgoile Gàidhlig a chur ris an earrann seo den Phlana mar Raon Priomhachais.

**5. Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na priomh raointe an a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na priomh ghealltanasan a chomharrach sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdad is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum? In questions 2, 3 and 4, you were asked about your views on the priority areas identified. In this question, we would like to hear any views or suggestions you may have on the key commitments we have identified and views on any key commitments you think should be included in order to make progress with the aim of increasing the number of people speaking, using and learning Gaelic in Scotland and the number of situations in which it is used?**

- Tha priomh ghealltanasan anns na sgriobhainnean a' còmhach a' mhòr-chuid de na raointe an a tha cudromach ann am brosnachadh, leasachadh, cleachdad agus togail cànan.
- Tha sinn a' cur fàilte air leudachadh agus neartachadh air ceanglaichean ri àiteachan mar Canada agus Eirinn

**6. Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingean eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgriobh sibh iad gu h-íosal. The earlier consultation questions have been fairly specific. If there are any other points you would like to make and feel you have not had the opportunity to do so, please write them below.**

Chan eil am plana a' mìneachadh mar a thèid am maoineachadh a bharrachd a dh'fheumas na leasachaidhean sa phlana a chur mun coinneimh. Tha e do-dhèanta ach gum bi barrachd maoineachaidh a dhìth gus na tha air a mhodh sa phlana a chur an gniomh. Feumar earrann a bharrachd a chur ris a' phlana a tha a' mìneachadh a' mhodh-obrach nàiseanta leis an tèid maoineachadh, goireasan agus taic leantainneach fhaighinn do na h-amasan airson fàs anns an dreach phlana a choileanadh anns na bliadhnaichean ri teachd.